

Notaichean an tidseir - Goireasan Cànan Bun-sgoile

Mat bùird airson sgoilearan Clas 1 agus Clas 2

Bidh mat aig gach sgoilear aig an àite aca air a' bhòrd. Tha na prìomh fhaclan airson Clas 1 agus Clas 2 bho Phròiseact Litearrachd na Gàidhealtachd timcheall oir a' bhrat agus tha dealbhan air le seantansan fòdhpà a bhios nam pàtran dha na sgoilearan. Cuideachd tha àite ann far am faod an tidsear sgrìobhadh le peann freagarrach.



Bidh seo uile na thaic do na sgoilearan a thaobh sgrìobhadh, leughadh agus labhairt.

Seat Chairtean – Dèan Seantans

Tha cairtean ann le dealbhan agus faclan a' buntainn ri *Mi Fhèin/An Teaghlach* agus *Beathaichean*. Taghaidh an tidsear dealbhan agus faclan a rèir an leasain. Faodaidh na sgoilearan ceistean agus freagairtean a chur ri chèile leis na cairtean. 'S e an t-amas gun tèid structaran bunaiteach a dhaingneachadh ann an dòigh spòrsail, gnìomhach. Tha seo a' bualadh air an targaid cànan 'S urrainn dhomh innse dè tha ann an rud no neach.



Nì na cairtean seantansan leithid:

- Dè tha seo?
- 'S e mathan a th' ann.
- 'S e each mòr a th' ann.
- Cò tha seo?
- Seo mo Mhamaidh.
- Seo mise agus mo phiseag.

Gabhaidh na cairtean a chleachdadh cuideachd airson dealbh agus facal a mhaidsadh, agus airson gèam phàidhrichean a chluich nuair a thèid dealbhan agus faclan a chur air am beul fòdhpà air a' bhòrd. Seo liosta de na cairtean a tha anns an t-seat:

Faclan	
Seo x 6	tigear
'S e x 6	mathan
a th' ann x 6	uilebheist
agus x 6	panda
mise x 3	cù
mo Mhamaidh	cuilean
mo Dhadaidh	cat
mo phiuthar	phiseag
mo pheathraichean	òr-iasg
mo bhràthair	each
mo bhràithrean	muc
m' uncail	caora
m' antaidh	uan

mo sheanair	bò
mo sheanmhair	laogh
mo Ghranaidh	hamstair
mo charaid	eun
mo bhanacharaid	tunnag
mo charaidean	cearc
mo pheata	coileach
mo chù	seillean-mòr
mo chuilean	speach
mo chat	leòmhan
mo phiseag	daolag-bhreact
mo theaghlach	losgann
balach	beag
nighean	bheag
còir	mòr
chòir	mhòr

Dealbhan	
nighean	DS1/80
nighean & piuthar bheag	DS1/81
fireannach & balach beag	DS1/82
mamaidh, dadaidh, balach & nighean	DS1/83
boireannach	DS1/84
balach & bràthair beag	DS1/85
boireannach & nighean bheag	DS1/86
mamaidh, dadaidh & nighean bheag	DS1/87
balach	DS1/88
balach & nighean (a' trod)	DS1/89
nighean bheag agus nighean nas motha	DS1/90
nighean & piseag	DS1/91
fireannach & boireannach	DS1/92
seanair & seanmhair	DS1/93
dà bhoireannach	DS1/94
nighean & cù	DS1/95
nighean & piseag	DS1/96
balach & cù	DS1/97
balach & piseag	DS1/98
fireannach	DS1/99
òganach/fireannach òg	DS1/100
dà nighean	DS1/102
ceathrar chloinne	DS1/103
tìgear	DS1/104

mathan	DS1/105
uilebheist	DS1/106
panda	DS1/107
cù	DS1/108
cuilean	DS1/109
cat	DS1/110
pi-seag	DS1/111
òr-iasg	DS1/112
each	DS1/113
muc	DS1/114
caora	DS1/115
uan	DS1/116
bò	DS1/117
laogh	DS1/118
hamstair	DS1/119
eun	DS1/120
tunnag	DS1/121
cearc	DS1/122
coileach	DS1/123
seillean-mòr	DS1/124
speach	DS1/125
daolag-bhreac	DS1/126
leòmhann	DS1/127
losgann	DS1/128

Seantansan loop

Tha dà sheat de 14 cairtean ann, seat gorm agus seat dearg, a nì dà loop no cuairt. Tha ceist agus freagairt air gach cairt, ach chan eil freagairt na ceist air an aon chairt 's a tha a' cheist.

Sgaoilidh an tidsear na cairtean bho aon sheat air buidheann sgoilearan. Leughaidh an sgoilear a thòisicheas ceist, agus siridh am buidheann gu lèir am freagairt ceart air a son. Leughaidh an sgoilear aig a bheil e am freagairt ceart, agus an uair sin leughaidh e a' cheist a tha air an aon chairt.

Leanaidh iad mar seo gus an till iad chun a' chiad cheist a chaidh a chur agus bidh crìoch air a' chuairt.

Daingnichidh an gnìomh seo an targaid cànan 'S urrainn dhomh ceistean fhaighneachd agus a fhreagairt.



Cairtean freagairt

Tha seat de 30 cairt ann leis am freagair sgoilearan ceistean san tràth sheachad agus san tràth theachdail. Tha cairtean ann airson nan 10 gnìomhairean neo-riaghailteach, *bi*, agus *is*. Tha freagairt deimhinneach agus àicheil (yes/no) air gach cairt air leithid a dhòigh 's gun gabh a tionndadh gu furasta leis an sgoilear.



Taghaidh an tidsear cairtean a rèir an leasain. Sgaoilidh an tidsear na cairtean sin air na sgoilearan agus an uair sin cuiridh e ceistean a' cleachdadh nan gnìomhairean sin. Togaidh na sgoilearan na freagairtean iomchaidh.

Dh'fhaodadh sgoilearan nas comasaiche na ceistean a leughadh no feadhainn a dhèanamh suas.

Faodaidh an tidsear ceistean a dhèanamh suas co-cheangailte ri cuspair sam bith air a bheil iad ag obair.

Faodar na cairtean a chleachdadh cuideachd ann an geamannan leithid Oiseanan far an cuir an tidsear freagairtean suas timcheall an t-seòmair agus nuair a chuireas an tidsear ceist, thèid na sgoilearan dhan oisean anns a bheil am freagairt ceart.

Daingnichidh an gnìomh seo cuideachd an targaid cànan 'S urrainn dhomh ceistean *fhaighneachd agus a fhreagairt*, a thaobh nan gnìomhairean neo-raighailteach.

Seo sampall cheistean

- | | |
|--|---|
| • An tuirt thu sin? | Thuir/Cha tuirt no Thubhairt/Cha tubhairt.* |
| • An can thu sin a-rithist? | Canaidh/Cha chan. |
| • An abair thu sin a-rithist? | Their/Chan abair. |
| • An do rug thu air a' bhus? | Rug/Cha do rug. |
| • Am beir thu air a' bhall? | Beiridh/Cha bheir. |
| • An cuala tu an t-òran ùr? | Chuala/Cha chuala. |
| • An cluinn thu an sgòr a-nochd? | Cluinnidh/Cha chluinn. |
| • An do rinn thu an obair? | Rinn/Cha do rinn. |
| • An dèan thu cèic dhomh? | Nì/Cha dèan. |
| • Am faca tu an dealbh? | Chunnaic/Chan fhaca. |
| • Am faic thu do sheanair a-nochd? | Chì/Chan fhaic. |
| • An d' fhuair thu leabhar? | Fhuair/Cha d' fhuair. |
| • Am faigh thu peansail eile? | Gheibh/Chan fhaigh. |
| • An deach thu a shnàmh an-dè? | Chaidh/Cha deach. |
| • An tèid thu don bhùth feasgar? | Thèid/Cha tèid. |
| • An do ràinig thu an sgoil ro ochd uairean? | Ràinig/Cha do ràinig. |
| • An ruig thu mullach na beinne? | Ruigidh/Cha ruig. |
| • An tug thu dhomh an leabhar? | Thug/Cha tug. |
| • An toir thu seo gu do mhàthair? | Bheir/Cha toir. |
| • An tàinig thu dhan sgoil air a' bhus? | Thàinig/Cha tàinig. |
| • An tig thu don chlub dràma? | Thig/Cha tig. |
| • A bheil thu blàth gu leòr? | Tha/Chan eil. |
| • An robh thu san sgoil an-dè? | Bha/Cha robh. |
| • Am bi thu san sgoil a-màireach? | Bithidh/Cha bhi.* |
| • Am biodh an dath seo snog? | Bhitheadh/Cha bhitheadh.* |
| • An e sgioba math a th' ann an Caley Thistle? | 'S e/Chan e. |
| • Am b' e Gàidhlig a bh' aig do shinn-seanmhair? | B' e/Cha b' e. |

- An ann air an trèan a thàinig thu? 'S ann/Chan ann.
- Am b' ann à Sasainn a bha do shinn-seanair? B' ann/Cha b' ann.

* Tha GOC a' moladh nan riochdan seo gus cuideam a shealltainn, no ann am freagairt aon fhacail:

Bithidh (seach Bidh)
 Bhitheadh (seach Bhiodh)
 Thubhairt (seach Thuirt)

Postairean Ro-riochdairean

Seat de 10 postairean A4 air a bheil na ro-riochdairean co-cheangailte ri:

aig air ann à/às gu ro ri do/a le bho/o

Tha na postairean air an dealbh gus taic a thoirt do sgoilearan an ceann shuas na bun-sgoile agus san àrd-sgoil. Faodar an cur air a' bhalla ach tha iad làidir gu leòr airson an làimhseachadh.



Brat-ùrlair na h-aibidil

A bharrachd air litrichean na h-aibidil Ghàidhlig, tha fuaimreagan le sràcan air a' bhrat-ùrlair, agus cuid de na litrichean a gheibhear còmhla gu tric. Leigidh seo le sgoilearan faclan Gàidhlig a litreachadh gu sgiobalta agus gu ceart ann an gèam mar Twister.

Timcheall air a' bhrat, le dealbhan nan cois, tha faclan bho Fuaim is Facal a tha nam pàtran agus nan taic do sgoilearan.

Tha am brat feumail airson ionnsachadh gnìomhach. Seo eisimpleirean de ghnìomhan a nì sibh leis a' bhrat-ùrlair:



Iarraibh air na sgoilearan:

- a' chiad litir san ainm aca fhèin a lorg air a' bhrat agus leum air 5 tursan
- poca-pònair a thilgeil air a' chiad litir san ainm aca fhèin
- pocannan-pònair no cairtean air a bheil litrichean na h-aibidil a mhaidseadh ri na litrichean a tha air a' bhrat
- leum bho litir gu litir ann an òrdugh na h-aibidil, ag ràdh fuaim gach litreach fhad 's a tha iad a' dol (faodaidh iad tighinn far a' bhrat aig deireadh loidhne)
- rud a thoirt à basgaid anns a bheil diofar rudan, agus an rud a chur air a' bhrat a rèir a' chiad litir aig ainm an rud
- bonn/margair/làmh/cas a chur air an litir a dh'fhuaimnaicheas an tidsear
- seasamh air litir shònraichte agus fuaim na litreach a dhèanamh
- seasamh air litir shònraichte agus smaoineachadh air facal a' tòiseachadh no a' crìochnachadh leis an litir ud
- seasamh air fuaimreag shònraichte agus smaoineachadh air facal anns a bheil an fhuaimreag sin
- cairtean leis na litrichean mòra a mhaidseadh ris na litrichean air a' bhrat

- a' cleachdadh chairtean bhon t-seat Dèan Seantans, cairt a chur air a' bhrat, air a' chiad litir aig an fhacal no an dealbh
- a' cleachdadh chairtean Dèan Seantans, no dìsinn le dealbhan, agus a' gabhail turas mu seach, cairt a thogail/an dìsinn a thilgeil, agus leum bho litir gu litir gus ainm an rud a litreachadh

Cuideachd – dà sgioba no pàidhrichean, buinn de dhiofar dathan aig gach sgioba/paidhir

- seallaidh an tidsear dealbh de bheathach; feumaidh cluicheadair bho gach sgioba bonn a chur air a' chiad litir de dh'ainm a' bheathaich; fàgaidh an neach as luaithe am bonn aigesan air a' bhrat. Aig deireadh a' gheama, 's e an sgioba aig a bheil an àireamh as motha de bhuinn air a' bhrat a bhuannaicheas
- ma tha dìsinn agaibh le dealbhan bheathaichean, faodar seo a chleachdadh airson a' ghnìomh gu h-àrd
- cairtean Dèan Seantans air am beul fòdhpa air an làr; togaidh neach bho gach sgioba cairt; obraichidh iad a-mach dè am beathach/an neach aig a bheil a' chiad litir as fhaisge air toiseach na h-aibidil; a' chiad neach a chuireas a bhonn air an litir sin a' buannachadh
- cairtean Dèan Seantans, no dìsinn le dealbhan; taghaidh an tidsear/neach sònraichte cairt no tilgidh e an dìsinn, agus èighidh e 'litir tòiseachaidh' no 'litir crìochnachaidh'; a' chiad duine san sgioba/phaidhir a chuireas a bhonn air an litir cheart a' buannachadh